

Beag-fhaclair

Airson aonad sam bith fhosgladh,
clìog air an tìotal taobh-staigh
Bookmarks, a chithear air an
làimh chli.





Beag-fhaclair - Ìre D

beachd;barail:	an dòigh air an smaoinich thu air rudeigin (<i>Beurla: opinion</i>)
beatha-eachdraidh:	sgrìobhadh mu bheatha chuideigin. (<i>Beurla: biography</i>)
bileag-fiosrachaidh:	sgrìobhadh le fiosrachadh mu dheidhinn àite no tachartas (<i>Beurla: brochure</i>)
boireanta:	boireann; gnè de dh'ainmear. Ann am faclair tha an litir b an dèidh ainmeir a' sealltainn gu bheil e boireanta. (<i>Beurla: feminine</i>)
brìgh:	mineachadh (<i>Beurla: meaning</i>)
buadhair:	facal a bheir tuairisgeul air ainmear (<i>Beurla: adjective</i>)
buaidh:	an cumhachd a tha aig rudeigin no cuideigin air fear eile (<i>Beurla: influence</i>)
càirdeas:	ceangal càirdeil eadar caractaran (<i>Beurla: relationship</i>)
caractar:	cuideigin ann an sgeulachd, pearsa (<i>Beurla: character</i>)
cearcall-beatha:	diagram a sheallas mar a dh'atharraicheas rudan tro am beatha (<i>Beurla: life cycle</i>)
cearcall-bidhe:	diagram a sheallas mar a dh'itheas beathaichean na beathaichean no lusan a tha fodhpa anns an lion. (<i>Beurla: food chain</i>)
claon-bhreith:	aomadh gu ruige no an aghaidh taobh seach taobh ann an argamaid (<i>Beurla: bias</i>)
clàr-srutha:	diagram a' sealltainn an òrdugh anns am bi rudan a' tachairt (<i>Beurla: flowchart</i>)

clàr-uair:	fiosrachadh mu dheidhinn cuin a bhios rudan a' tachairt (<i>Beurla: timetable</i>)
clò Eadailteach:	sgrìobhadh claon, air a chleachdadh airson sùil an leughadair a ghlacadh (<i>Beurla: italic type</i>)
clò trom:	sgrìobhadh dorch, làidir air a chleachdadh gus sùil an leughadair a ghlacadh (<i>Beurla: bold type</i>)
co-ghnìomhair:	facal a dh'innseas barrachd mu dheidhinn gnìomhair (<i>me. gu luath</i>) no mu dheidhinn buadhair (<i>me. glè bheag</i>) (<i>Beurla: adverb</i>)
comharraidhean-labhairt	cromagan-turrach a thèid ro agus an dèidh cainnt: dèidh faclan air an labhairt ann an sgrìobhadh. (<i>Beurla: speech marks</i>)
conrag:	consan, litir nach eil na fuaimreig (<i>Beurla: consonant</i>)
cromagan-turrach:	comharraidhean-labhairt a thèid ro agus an dèidh faclan a chanas cuideigin ann an sgrìobhadh (<i>Beurla: inverted commas</i>)
cuspair:	an rud mu bheil duine a' sgrìobhadh no a' bruidhinn (<i>Beurla: theme</i>)
dàimh / eadar-dhàimh	an càirdeas no gamhlas eadar pearsachan ann an sgeulachd (<i>Beurla: relationship</i>)
diagram:	dealbh a mhìnicheas rudeigin (<i>Beurla: diagram</i>)
dreach:	an coltas a tha air an sgrìobhadh (<i>Beurla: layout</i>)
fireanta:	fireann; gnè de dh'ainmear (<i>me. an cù, am bàta</i>) Ann am faclair tha an litir f an dèidh ainmeir a' sealltainn gu bheil e fireanta. (<i>Beurla: masculine</i>)
firinn:	rudeigin a tha fìor (<i>Beurla: fact</i>)
fuaimreag:	gin de na litrichean a, e, i, o, u (<i>Beurla: vowel</i>)
iomarra:	iolra; tha facal iomarra ma tha barrachd air aon dhiubh ann m.e. cait, daoine (<i>Beurla: plural</i>)
leabhar mòr-eòlais:	leabhar le fiosrachadh air tòrr chuspairean eadar-dhealaichte. (<i>Beurla: encyclopedia</i>)
meatrag:	clàr le àireamhan no samhlaidhean ann an sreathan agus colbhan (<i>Beurla: matrix</i>)
naisgear:	facal a cheanglas seantansan, clàsan no faclan (<i>m.e. ach, agus, nuair</i>) (<i>Beurla: conjunction</i>)
nòtaichean:	faclan air an sgrìobhadh gus rudeigin a chur an cuimhne no gus rudeigin a mhìneachadh (<i>Beurla: notes</i>)



paragraf:	earrann de sgrìobhadh a' tòiseachadh air loidhne ùr a tha dèiligeadh le puing no smuain ùr. (<i>Beurla: paragraph</i>)
pearsa	cuideigin ann an sgeulachd, caractar (<i>Beurla: character</i>)
riochdair:	facal a riochdaicheas ainmear: (m.e. <i>mi, dhut, oirre, a, seo</i>) (<i>Beurla: pronoun</i>)
rùintean:	na rudan no miannan a tha a' toirt air caractar rudeigin a dhèanamh; adhbharan (<i>Beurla: motives</i>)
sanas-obrach:	fiosrachadh mu obair a tha ri fhaotainn. (<i>Beurla: job advertisement</i>)
sanas-reic:	sanas a' moladh rudeigin gus an ceannaich daoine e no tachartas gus an tèid daoine ann. (<i>Beurla: advertisement</i>)
sealladh:	an dòigh anns a bheil sgrìobhadh air a chur air pàipear (<i>Beurla: presentation</i>)
sgrìobhadair	ùghdar, cuideigin a sgrìobhas stòiridh, bàrdachd, dealbh-chluich no fiosrachadh (<i>Beurla: writer</i>)
singilte:	tha ainmear singilte mura bheil ach aon dhiubh ann – m.e. <i>cat, duine</i> (<i>Beurla: singular</i>)
stòr-dàta:	dòigh a bhith a' cruinneachadh agus a' sealltainn iomadh seòrsa fiosrachaidh ann an iomadh seòrsa crutha (<i>Beurla: database</i>)
suidheachadh:	an t-àite, ùine no staid anns an gabh sgeulachd àite (<i>Beurla: setting</i>)
susbaint:	an earrann ann an teacs anns am bi am facal a' nochdadh (<i>Beurla: context</i>)
thesaurus:	leabhar le liosta de dh'fhaclan ann an òrdugh na h-aibidil agus faclan eile a tha ciallachadh an aon rud. (<i>Beurla: thesaurus</i>)
tràth:	riochd de ghniomhair a sheallas cuin a thachras rudeigin (<i>Beurla: tense</i>)





Beag-fhaclair - Ìre E

dèan foidheam:	obraich rudeigin a-mach bhon fhiosrachadh a tha agad le bhith a' coimhead gu geur agus a' smaoinichadh (<i>Beurla: infer</i>)
freumh:	bun facail a nochdas ann an iomadh facal eile nuair a chuireas tu ro-leasachan agus iar-leasachan ris (<i>Beurla: root</i>)
gnè:	seòrsa sgrìobhaidh (<i>Beurla: genre</i>)
iar-leasachan:	mion-fhacal a chuirear aig deireadh facail (<i>Beurla: suffix</i>)
ìomhaigh	dealbh san inntinn air a chruthachadh le faclan (<i>Beurla: image</i>)
ìomhaigheachd:	dòighean a bhith a' mineachadh rud, duine no tachartas le bhith a' dèanamh coimeas le rudeigin eile. (<i>Beurla: imagery</i>)
lìde:	facal no roinn facail aig a bheil fuaim air leth nuair a chanas tu e (<i>Beurla: syllable</i>)
meatafor:	ìomhaigh ag ràdh gur e aon rud rudeigin eile (<i>Beurla: metaphor</i>)
pearsanachadh:	rud nach eil beò air a riochdachadh mar gur e pearsa a th' ann (<i>Beurla: personification</i>)
ro-leasachan:	mion-fhacal a chuirear ro facal gus a chiall a leudachadh no atharrachadh (<i>Beurla: prefix</i>)
samhla:	coimeas eadar rudan, a' cleachdadh nam facal: <i>coltach ri, cho ...ri no mar.</i> (<i>Beurla: simile</i>)
stoidhle:	an dòigh anns a bheil teacs air a sgrìobhadh (<i>Beurla: style</i>)
subbaint:	na tha ann an teacs; <i>brìgh</i> (<i>Beurla: content, context</i>)
taghadh briathrachais:	na faclan a thagh an sgrìobhadair
a' toirt breith:	ag innse dè am beachd a th' agad air rudeigin agus dè tha math is dona mu dheidhinn (<i>Beurla: make judgement</i>)